



Teisteanais
Nàiseanta
2023

X832/77/11

Àrd-Ìre Adhartach

DIMÀIRT, 23 CÈITEAN

9:00 M – 10:30 M

Gàidhlig
Sgrùdadh

Gàidhlig
Practical Criticism

Comharran gu lèir — 30

Leugh Teacsa 1 agus Teacsa 2 agus feuch na ceistean UILE.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar nan deuchainnean, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.



* X 8 3 2 7 7 1 1 *

Teacsa 1 — Ficsean: Bàrdachd

An t-Eilthireach

Thig thu tron doras ud mar a rinn thu gach latha nad òige,
ach gu bheil fàileadh a' bhaile mhòir air d' aodach
is eòlas dòighean an t-saoghail nad shùil.

5 Ach le anail ghlan nad sgamhan, tha an cianalas a' togail bhuat,
fuil do chiad ghràidh às ùr a' sruthadh nad chuislean -
eilthireach ... mac ... air tilleadh dhachaigh.

Is tu trang a' cèilidh air do chàirdean feadh an eilein -
cainnt do mhàthar, slaodach, ach a' fàs air do theanga a-rithist;
naidheachdan, sgeulachdan 's blàths na gàire

10 a' siubhal gun stad eadar an àird an iar 's an ear.
Ach ged is binn guth an eòin far an d' rugadh tu
tha nead eile a dh'fheumas tu blàthachadh.

Is fhad 's a tha thu a-bhos bheir thu urram
do na cleachdaidhean 's na creideamhan

15 air nach do chuir thu ceist 's tu òg;
cleachdaidhean 's creideamhan dha nach eil spèis
sa bhaile làn cabhaig taobh thall a' chuain
dham buin do bheatha, ged nach buin d' anam.

Is tu a-nis an ìmpis mo chridhe a reubadh às ùr -

20 oir tha d' àl* fhèin gad tharraing bhuam;
is tu an sàs eadar dà bhrìgh do bhith -
do bhliadhnachan tràth a-bhos is do bheatha fada thall
nach tig a-chaidh còmhla -
oir, mar an Cuan Siar fhèin, tha an sgaradh.

*àl – leanabhan

Ceistean

Freagair na ceistean a leanas nad fhacail fhèin agus le bhith a' cleachdadh fianais às a' bhàrdachd far a bheil sin iomchaidh.

1. Tha e soilleir sna rannan seo gu bheil beatha an duine mu bheil a' bhàrdachd sgrìobhte air atharrachadh gu mòr on a bha e òg. Seall, le fianais à loidhnichean 1–6, cuid de na rudan na bheatha a tha air atharrachadh. 2
2. Seall mar a tha ìomhaigheachd air a cleachdadh gu soirbheachail ann an loidhnichean 4–5. 2
3. Seall mar a tha taghadh-facail agus ìomhaigheachd air an cleachdadh ann an loidhnichean 8–12 gus dealbh a thogail den t-suidheachadh a tha an seo. 4
4. Nad bheachdsa, dè tha air innse dhuinn mun duine ann an loidhnichean 13–18? Seall, le fianais, carson a tha thu den bheachd seo. 2
5. Seall mar a tha loidhnichean 19–21 a' comharrachadh atharrachadh ann an t-òna na bàrdachd. 2
6. Seall dè cho èifeachdach 's a tha loidhnichean 23–24 mar chrìoch air a' bhàrdachd air fad agus airson teachdaireachd a dhèanamh follaiseach. Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air t-òna, structar, ìomhaigheachd... 3

[Tionndaidh an duilleag

Teacsa 2 — Neo-fhicsean: Rosg

‘Soirbheachadh’ ann an Spòrs

Am measg an fheadhainn againn a tha sean gu leòr, bidh cuimhne air mar a choishead sinn le iongnadh tron dàrna leth den fhicheadamh linn fhad 's a bha lùth-chleasaichean dùthchannan comannach taobh sear na Roinn-Eòrpa a' briseadh clàr às dèidh clàr. Thuit an ìmpireachd sin, seann nàmhaid Ameireaga agus Bhreatainn, mu 1990 agus dh'fhàs e follaiseach gun robh mòran de na clàran sin air an coileanadh fo bhuaidh phrògraman dhrogaichean a bha air an stiùireadh le riaghaltasan nan dùthchannan sin. B' e seo aon de na h-innleachdan a bh' aca gus sealltainn dhan t-'saoghal eile' gur e an siostam riaghlaidh aca-san, Comannachas, as soirbheachail. Agus, a thaobh spòrs co-dhiù, bha sinn air ar mealladh leotha. Tha mìorbhailean geala an àm' sin a-nis nan eucoirean dubha. Dh'fhàs gnìomhachas mòr 'spòrs' searbh dhomhsa agus mo leithid.

10 Ach sin saoghal mo ghinealaich-sa. Tha òigridh an latha an-diugh a' fàs suas ann an saoghal ùr anns a bheil deuchainnean dhrogaichean air an dèanamh gu cunbhalach agus farpaisean de gach seòrsa air an sgrùdadh gu mionaideach. Tha cosgais eagalach an lùib seo ach dè as cudromaiche na gum bi an raon-cluiche còmhnard agus cothromach? Beag air bheag, thill m' ùidh ann an spòrs agus fhuair earbsa a-rithist làmh-an-uachdair air teagamh. Bha mìorbhailean fhathast a' gabhail àite.

Ann an 1996 thàinig an naidheachd gun robh an t-Ameireaganach Lance Armstrong, am fear a bu shoirbheachail riamh ann an rothaireachd-rathaid, a' fulang le aillse ... droch aillse a bheireadh faisg air a' bhàs e. Ciamar idir a b' urrainn sin tachairt do rionnag a bha cho òg, cho fallain? Cha do shaoil duine gun tilleadh e dhan spòrs a-rithist gun luaidh air buannachadh an *Tour de France*, a' cho-fharpais spòrs as dorra san t-saoghal, seachd tursan às dèidh a chèile! Mas e crathadh a bh' anns an naidheachd mun aillse 's e crith-thalmhainn a bh' ann dhan t-saoghal air fad nuair a dh'aidich Armstrong ann an 2013 gur e cleachdadh dhrogaichean mì-laghail a b' adhbhar dha chuid soirbheachaidh. Bha ciont is cealg air grèim fhaighinn air spòrs anns na dùthchannan againn fhèin.

25 Ach carson idir a chuireadh e iongnadh oirnn gum biodh moraltachd ga sadail air falbh, mar chnàimh gu cù? Aig aon àm bha sinn den bheachd gum buineadh a leithid de dhol a-mach a-mhàin dhan t-seann ìmpireachd chomannaich ach tha an aon trioblaid beò is fallain san t-'saoghal shaor'. Chan eil eisimpleir Armstrong ach mar bhoinneag san lòn. Chan eil seann laigsean mhic-an-duine, laigsean nach dèan sgaradh a thaobh cruinn-eòlas no riaghaltasan, fada bho dhuine sam bith againn. Miann an airgid. Miann aire. Miann a' mholaidh. Miann a bhith soirbheachail, a dh'aindeoin na prìse.

Tha na laigsean seo nas fhaisg' oirnn na dh'aidicheadh sinn agus tha an galar ga thoirt seachad bho aois òg. Cha leig thu a leas ach nochdadh aig geàma ball-coise òigridh aig a' phàirc as fhaisg' ort is chì thu cho dall is a tha sinn. Pàrantan a' dol às an ciall nuair nach eil cùisean mar a bu mhiann leotha. Trod ris an rèitire ... Èigheach ... Guidheachdainn. 'S e an sgioba eile a-mhàin a tha salach. An rud a chì na big, 's e a nì na big.

A thaobh dhrogaichean ann an spòrs, 's e a tha a dhìth oirnn ach saidheans cruaidh, riaghailtean cruaidh agus peanasan cruaidh. 'S iad na trì freumhan sin a nì cinnteach gum fàs spòrs gu fallain agus gu seasmhach a dh'aindeoin na feadhainn dham bi miann is beairteas ro tharraingeach. Tha an comas aig riaghaltasan agus comainn spòrs na siostaman agus sgrùdaidhean a tha aca a neartachadh gus nach tachair sgeulachd Lance aon uair eile. Às an aonais, cuiridh mi fhìn agus na milleanan eile cùl ri gnìomhachas anns a bheil mìorbhailean agus mealladh a' fuireach ro fhaisg air a chèile.

Ceistean

Freagair na ceistean a leanas nad fhacail fhèin agus le bhith a' cleachdadh fianais às an teacsa far a bheil sin iomchaidh.

- | | | |
|-----|---|---|
| 7. | Nad fhacail fhèin, mìnich mar dh'fhàs daoine mar an sgrìobhadair “searbh” a thaobh spòrs. (loidhnichean 1–9) | 2 |
| 8. | Seall le fianais às an teacsa mar a tha sgrìobhadair a' cur diofar sgilean-sgrìobhaidh gu feum gus an argamaid a neartachadh. (loidhnichean 10–15) | 3 |
| 9. | ‘Mas e crathadh a bh' anns an naidheachd mun aillse 's e crith-thalmhainn a bh' ann dhan t-saoghal air fad...’

Mìnich mar a tha an sgrìobhadair a' cleachdadh ìomhaigheachd gu h-èifeachdach an seo. | 2 |
| 10. | Seall mar a tha structar-seantans agus ìomhaigheachd air an cleachdadh gus diofar fhaireachdainnean a chur an cèill ann am paragraf 4. | 3 |
| 11. | Tha an sgrìobhadair a' toirt iomradh air geama ball-coise chloinne shìos aig a' phàirc. Carson, nad bheachdsa, a tha e a' togail air an eisimpleir seo anns an artaigil? | 2 |
| 12. | Seall le fianais mar a tha an sgrìobhadair a' tighinn gu co-dhùnadh èifeachdach anns a' pharagraf mu dheireadh. Dh'fhaodar togail air stoidhle, teachdaireachd, ìomhaigheachd no eile nad fhreagairt. | 3 |

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO